

Caidreabh:

Ag Ùrnaigh airson Aonadh am-measg Ana-cheartas

Seachdain Ùrnaigh

airson

Aonachd Chrìosdaidh

Dealbh-camara: Mazur/cbcew.org.uk

Byd-berthyn: Gweddio am Undod Ynghanol Anghyfiawnder

Be-Longing: Praying for Unity amidst Injustice

Pobal a lorg: paidir na haontachta in aghaidh na héagóra

18-25 Faoilleach 2023 www.ctbi.org.uk/weekofprayer



Theirear gun tug murt Sheòrais Floyd le oifigear poileis ann am Minneapolis sa Chèitean 2020 mòr-atharrachadh air cùisean. Bha tuigse ann gum biodh an fhaireachdainn de chaidreachas a thug daoine a-mach air na sràidean aig àm galar lèir-sgaoilte ga dhèanamh do-dhèanta buil mharbhtach gràin-cinnidh institiùideach a chur an dìochuimhne agus am mì-chothromachadh cumhachd a tha a' diùltadh urram daonna.

Tha an gluasad Black Lives Matter gu cinnteach air còmhraidhean mì-chofhurtail ach riatanach a bhrosnachadh, a' toirt dùbhlán don t-somaltachd a dh'adhbharaich dearmad nan ceannardan catharra is poiliteigeach a thaobh gràin-cinnidh agus senophobia. Tha e cuideachd air ceasnachadh mar a thathas an urra ri reachdas gus còraichean dhaoine a dhìon agus mar nach eileas a' sgrùdadh càileachd ar dàimhean sa chomann-shòisealta, na beachdan a tha gan cumadh agus a' chànan a tha gan cur an cèill.

Ach leis gach bliadhna a' dol seachad tha sinn a' faicinn fianais leantainneach gu bheil, air feadh an t-saoghail, institiùdan cumhachdach na stàite a' cumail orra a' làimhseachadh dhaoine ann an dòigh eadar-dhealaichte stèidhichte air cinneadh agus taobhan eile de dhearbha-aithne a tha air an dìon ann an reachdas. Tha an fheadhainn a tha beò ann an eagal fhathast a' feitheamh air an àm mòr-atharrachaidh acasan.

A dh'aindeoin barrachd tuigse air nàdar agus builean gràin-cinnidh mar thoradh air a' ghluasad Black Lives Matter tha daoine fhathast aindeònach bruidhinn mu chùisean cumhachd is sochair, às-dùnadh agus iomallachadh sa chomann-shòisealta. Bidh Crìosdaidhean a' toirt sealladh de rèite stèidhichte air tròcair agus dìlseachd, ceartas agus sìth, chun a' chòmhraidh seo, às am bi sinn a' tarraing dòchas airson slànachadh nan dàimhean.

Airson na Seachdain Ùrnaigh seo airson Aonachd Chrìosdail tha sinn air ar stiùireadh le eaglaisean Minneapolis agus sinn a' feuchainn ri sgrùdadh a dhèanamh air mar as urrainn obair aonachd Chrìosdail cur ri adhartachadh ceartas cinnidh thar gach ìre den chomann-shòisealta. Tron ghoireas seo, tha buidheann sgrìobhadairean CTBI cuideachd air ar n-aire a tharraing don 30mh ceann-bliadhna de mhurt Steafain Lawrence, a tha sinn a' comharrachadh am-bliadhna. Tha an obair gus dòchas ath-bheothachadh tro cheartas a tha ga dhèanamh mar chuimhneachan air Steafan fhathast na bhrosnachadh agus a' toirt piseach air beatha dhaoine.

Mar a bhios sinn a' tighinn còmhla ri Crìosdaidhean eile air feadh an t-saoghail airson Seachdain Ùrnaigh na bliadhna sa, tha sinn a' guidhe gum bi ar cridhe fosgailte gus faicinn agus cluinntinn an iomadh dòigh anns a bheil gràin-cinnidh a' sìor sgrios bheathannan, agus gum bi sinn a' tuigsinn ciamar as urrainn dhuinne, mar dhaoine fa-leth agus mar choimhearsnachdan am pian a shlànachadh agus àm ri teachd nas fheàrr a thogail dha na h-uile.

Dr Nicola Brady, Àrd-rùnaire, Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn

Fòghlamaibh math a dhèanamh; iarraibh breitheanas (Isaiah 1:17)



Air 22 Giblean 1993 chaidh deugaire a mhurt air sràidean Lunnainn fhad 's a bha e a' feitheamh ri bus. Bha Steafan Lawrence na dhuine òg comasach a bha a' coimhead air adhart ri bhith na ailtire. Chaidh a mhurt dìreach airson gu robh e dubh. Thug am murt crathadh mòr air a' chomann-shòisealta agus bhathas a' faireachdainn na buaidh air feadh nan ceithir dùthchannan ann am Breatainn agus Èirinn. Thug e oillt gràin-cinnidh am follais, rud a rinneadh na bu mhiosa le fàilligeadh nam poileas gus murtairean Steafain a thoirt gu ceartas. Às dèidh rannsachadh poblach, thug Aithisg Mhic a' Phearsain ann an 1998 aire nas fharsainghe don bhun-bheachd "Gràin-cinnidh Institiùdach", an gràin-cinnidh a tha freumhaichte gu domhainn sa chomann-shòisealta agus ann am buidhnean.

Am-bliadhna tha sinn a' comharrachadh an 30mh Ceann-bliadhna de mhurt Steafain Lawrence agus bidh seo na phrìomh fhòcas dha mòran a tha ag obair a dh'ionnsaigh saoghal a tha saor bho ghràin-cinnidh. Cho fad 's a tha gràin-cinnidh ann, tha sinn beò ann an comann roinnte agus saoghal roinnte, agus mar sin tron t-Seachdain Ùrnaigh seo airson Aonachd Chrìosdail bidh sinn a' meòrachadh air mar a tha na sgaraidhean sin a' toirt buaidh air ar beatha agus sinn ag ùrnaigh còmhla airson na h-aonachd a dh'iarr Crìosd. Ach tha sinn cuideachd ag aideachadh mar a tha eaglaisean air cur ri sgaradh agus claon-bhreith nar buidhnean agus cuideachd sa chomann-shòisealta. Cho fad 's a bhios gràin-cinnidh ann cha bhi aonachd Chrìosdail ann!

Tha goireasan na bliadhna seo air am brosnachadh le eòlas ar peathraichean is bràithrean Chrìosdail ann am pàirt eile den t-saoghal a tha a' strì leis a' chùis seo. Tha

iad air meòrachadh air mar a bhios sinn ag ùrnaigh airson aonachd Chrìosdail nuair a tha Crìosdaidhean nam pàirt de structaran mì-chothromach agus gràin-cinnidh. Dha eaglaisean Stàite Minnesota sna SA, tha murt Sheòrais Floyd agus an gràin-cinnidh institiùideach a bha na lùib aig cridhe na h-ùrnaigh aca airson aonachd agus ceartas. Tha iad a' cur air ar beulaibh dùbhlán an fhàidh Isaiah airson math a dhèanamh agus ceartas a shireadh (Isaiah 1:17). Tha am fàidh a' sgrìobhadh gu muinntir Iùdah aig àm nuair a tha creideamh foirmeil a' soirbheachadh, ann an cultar a bha a' tuigsinn beairteas mar bheannachadh bho Dhia agus bochdainn mar pheanas. Chan eil sireadh ceartais agus dèanamh math air aire nan sagartan san Teampall no na h-ùghdarrasan riaghlaidh anns an lùchairt ri thaobh.

Tha Isaiah a' feuchainn ri cogais an t-sluaigh a dhùsgadh gu firinn an t-suidheachaidh aca. An àite a bhith a' meas an fhrithealaidh chràbhaich aca na bheannachadh, tha e ga fhaicinn mar toibheum. Tha Isaiah a' càineadh nan structaran poilitigeach, sòisealta agus cràbhach a tha a' tabhann iobairtean gu cealgach fhad 's a tha iad a' sàrachadh nam bochd. Bidh e a' bruidhinn gu làidir an aghaidh stiùirichean coirbte agus às leth an fheadhainn a tha fo anacothrom. Tha Isaiah a' teagasg gu bheil Dia ag iarraidh ionracas agus ceartas bho na h-uile, fad na h-ùine, anns gach raon de bheatha.

Tha an saoghal againn an-diugh a' nochdadh nan dùbhlán a bha ro Isaiah. Tha ceartas, ionracas agus aonachd a' tighinn bho ghràdh domhainn Dhè airson gach duine againn. Tha iad aig cridhe cò a th' ann an Dia agus mar a tha Dia an dùil gum bi sinne ri chèile. Ach tha ana-ceartas agus fòirneart a' leantainn. Tha peacadh gràin-cinnidh ri fhaicinn ann an cleachdaidhean a tha a' suidheachadh aon chinneadh thairis air agus an aghaidh cinneadh eile. Nuair a bhios neo-chothromachadh cumhachd na chois neo a' cumail taic ris, bidh claon-bhreith cinnidh a' sgaoileadh a-mach bhon neach fa-leth agus a' dol an sàs ann an structaran a' chomainn-shòisealta.





Coltach ris na daoine cràbhach a tha fàidhean a' Bhìobaill a' càineadh cho mòr, tha cuid de chreidmheach Chrìosdail a' cumail taic ri claon-bhreith agus sàrachadh, agus mar sin ag adhbharachadh sgaradh. Tha Crìosdaidhean an sàs ann an structaran peacaidh a tha a' cur daoine eile suarach; structaran a tha a' comasachadh agus a' brosnachadh tràilleachd, colonachadh, sgaradh, apartheid. Uaireannan, chan eil sinn, san Eaglais, a' cur fàilte air eadar-dhealachadh cinneadail; nuair nach aithnich sinn urram neach sam bith, tha sinn a' saltairt air urram nan uile.

Tha am fàidh Isaiah ag iarraidh oirnn ionnsachadh math a dhèanamh agus ag iarraidh oirnn co-dhùnadh aghaidh a chur ri duilgheadasan. Thathas ag iarraidh oirnn a dhol an sàs ann am fèin-mheòrachadh. Le bhith ag ùrnaigh còmhla tron t-seachdain seo faodaidh sinn meòrachadh air na tha gar n-aonadh agus gheibh sinn cothrom gealltainn seasamh an aghaidh gach suidheachadh de shàrachadh agus ana-ceartas. Leis a' ghealladh seo feumaidh eaglaisean aideachadh gu bheil iad an sàs ann an ana-ceartas cinnidh. Feumaidh sinn aideachadh mar a tha ar sàmhchair air leigeil le guthan eile bruidhinn gun dùbhlàn. Mar Chrìosdaidhean feumaidh sinn a bhith deònach seasamh an aghaidh siostaman sàrachaidh agus tagradh airson ceartas. Tha ar dealas dha chèile ag iarraidh oirnn a dhol an sàs ann an ceartas eiridneach (mishpat). Feumaidh sinn bruidhinn a-mach, structaran mì-chothromach a thoirt às a chèile agus comann-sòisealta a chruthachadh anns am faod daoine a bhith beò le saorsa agus urram. Feumaidh sinn a dhol an sàs ann an conaltradh agus mar sin mothachadh agus tuigse a chur am meud mu bheatha gach neach. Còmhla, feumaidh sinn a dhol an sàs anns an strì airson ceartas sa chomann-shòisealta – oir buinidh sinn uile do Chrìosd.

Tha Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn, tro Sheachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail, a' seasamh ann an dlùth-dhàimh ri ar peathraichean is bràithrean anns na Stàitean Aonaichte le bhith a' meòrachadh air gràin-cinnidh nar co-theacs fhèin.

Latha 1

Dèante ann an dealbh Dhè

Cinn-teagaisg

Genesis 1:26-28

Taisbeanadh 7:9-12

Mineachadh

Anns a' chiad leabhar den Bhìoball, thathar ag innse dhuinn gu bheil sinn air ar dèanamh ann an dealbh Dhè, chan ann a-mhàin mar dhaoine fa leth ach mar shluagh. Tha an cinne-daonna gu lèir, daoine de gach cinneadh, cultar, cànan agus creideamh, còmhla a' riochdachadh ìomhaigh a' Chruthaigheir. Tha seo a' ciallachadh ma dhiùltas sinn an ìomhaigh sin ann an cinneadh sam bith, gu dearbh ann an aon neach, gu bheil sinn a' diùltadh làthaireachd Dhè anns a' chinne-daonna gu lèir.

Tha a bhith nad Chrìosdaidh a' ciallachadh a bhith nad dheisciobal. Tha sinn air ar gairm ionnsachadh còmhla dè a tha e a' ciallachadh a bhith a' dèanamh math, agus cò agus dè ann an cruthachadh Dhè a dh'fheumas gum bi sinn aonaichte. Tha an comann-sòisealta againn tric coma mu fheumalachdan dhaoine eile agus feumaidh sinne, mar chlann

Dhè, ionnsachadh cùis ar bràithrean is peathraichean sàraichte a thogail le bhith ag innse na fìrinne do ùghdarras agus, ma tha sin riatanach, cùis an luchd-fulaing a thagradh gus am faod iad a bhith beò ann an sìth agus ceartas. Ann a bhith a' dèanamh seo nì sinn an-còmhnaidh an rud ceart, bidh sinn an-còmhnaidh ag aithneachadh dealbh Dhè anns a h-uile duine againn.

Tha ar dealas airson cur às do pheacadh gràin-cinnidh agus a bhith air ar slànachadh bhuaithe ag iarraidh oirnn a bhith ullaichte agus deònach dàimh a chumail ri ar peathraichean is bràithrean Crìosdail. Bidh sin na chomharra air aonachd don t-saoghal gu lèir.

Cnuasachadh

Bidh sinn a' toirt ainmean dhaibh:
fògarraich,
luchd-siridh comraich,
luchd-imrich,
luchd-imrich eaconamach,
barrachd fàilte ro chuid na cuid eile.

Ach is aithne dhut an ainmean daonna oir is iad do chàirdean, comharraichte le d' ìomhaigh diadhaidh is daonna còmhla.

Urnaigh

Rinn thu sinn, a Dhè,
nad dhealbh fhèin,
agus an sin thàinig thu nar measg,
moiteil às an fheadhainn a rinn thu.

Dèan sinne moiteil a bhith nar pàirt
den teaghlach chruinneil sin,
agus dealasach an dealbh agad a lorg
agus gàirdeachas a dhèanamh ris
anns gach neach, gach cultar,
gach nàisean
ri bheil e na urram dhuinn
coinneachadh.

Ceistean

A bheil e furasta dhut dealbh Dhè
aithneachadh ann an daoine eile? No a
bheil e duilich uaireannan?

Ciamar a tha an eaglais no
buidheann eaglaisean agad a' cur
fàilte air an fheadhainn a tha ùr don
choimhearsnachd agad?

Ciamar a chì sinn dealbh Dhè ann
an daoine a tha duilich dhuinn a
ghràdhachadh?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Caith ùine ag ionnsachadh mu chultar/cànan/nàisean air nach eil thu eòlach idir,
no nach eil agad ach glè bheag eòlais. Ionnsaich nas urrainn dhut mu na daoine
sin agus, ma ghabhas e dèanamh, ionnsaich gu dìreach bho chuideigin bhon
bhuidhinn sin.

Cleachd cànan eile ann an adhradh na h-eaglaise agad aig an ath sheirbheis – is
dòcha gum bi e eadhon nas èifeachdaiche mura tuig duine nad choithional i!

Coimhead 10 bliadhna air ais anns na naidheachdan agus lorg buidheann de
dhaoine a bha ann an cunnart aig an àm sin. Faigh a-mach dè an suidheachadh
's a bheil iad a nis agus ciamar a dh'fhaodadh tusa, an eaglais no a' bhuidheann
eaglaisean agad taic a thoirt dhaibh agus/no ionnsachadh bhuapa.

Latha 2

Gum bi iad uile nan aon

Cinn-teagaisg

Isaiah 1:12-18

Eòin 17:13-26

Mineachadh

Tha Ìosa a' guidhe gum bi sinn “uile mar aon”, ag ùrnaigh airson aonachd fhìor agus neo-fhèineil, gun leth-cheumannan, air a nochdadh ann am pearsa Dhè, ann an aonachd na Trianaid. Tha aonachd mar seo dùbhlanaich, feumaidh e fèin-mheòrachadh, irioslachd, leigeil às cumhachd is smachd, agus a bhith fosgailte ri atharrachadh. An e seo an aonachd a tha thu a' sireadh air an t-seachdain seo?

Tha Isaiah a' cur nar cuimhne a' chealgairachd a dh'fhaodas a bhith ann fhathast nar n-eaglaisean; sinn a' cumail a-mach gu bheil gaol againn air a h-uile duine, ach dha rìreabh dìreach a' cur fàilte air an fheadhainn a tha coltach rinn fhèin. Is iomadh neach a dh'fhuiling pian, diùltadh, droch dhiol, agus às-dùnadh bhon Eaglais. Feumaidh aonachd Chrìosdail a bhith a' toirt a-steach a h-uile duine, agus

slànachadh agus ceartas a thabhann. Is ann ainneamh a thèid seo a dhèanamh ann an iomallachd, tachraidh e nas trice nuair a thig sinn còmhla.

An àite adhradh falamh a thabhann is e a tha Isaiah ag ràdh, “Fòghlamaibh math a dhèanamh; iarraibh breitheanas” (Isaiah 1:17). Nuair a tha sinn ag ionnsachadh math a dhèanamh feumaidh sinn cuideachd a bhith fosgailte ri atharrachadh. Is e seo deagh àm do Chrìosdaidhean a bhith a' meòrachadh chan ann a-mhàin air aonachd ach air nas urrainn dhuinn uile a dhèanamh gus ceartas cinnidh a bhrosnachadh.

Is e a bhith a' sireadh ceartas a bhith a' cruthachadh àite airson òrdugh cothromach is gliocas maireannach Dhè ann an saoghal nach eil ro thrìc air a ghluasad le truacantas. Ach fhathast, tha toileachas ann a bhith a' dèanamh na tha ceart. Tha aoibhneas ann a bhith a' dearbhadh gu bheil “Daoine Dubha Prìseil” agus sinn an tòir ceartais do mhuinntir ghràdhach Dhè a tha air an sàrachadh, fo smachd agus air an dubh-shaothrachadh. Tha cumhachd ann a bhith a' freagairt gairm a' ghliocais airson ceartas, agus ann a bhith ga dèanamh còmhla mar eaglais.

Cnuasachadh

Na bithibh a' saltairt mo chùirtean-sa
nas mò, deir an Tighearna,
na tugaibh tabhartas diomhain uaibh.
Chan fhuiling mi ur n-adhradh,
tha e ro throm a ghiùlan.

Cuiribh sìos ur n-eallach,
fuasglaibh eallach càich.
Dèanaibh saoradh, dion, agus tagradh
mar aon,
nam ainm-sa, iarraibh ceartas
le chèile.

Ùrnaigh

A Dhia na h-Aonachd,
Maith dhuinn ar fèinealachd
agus cuidich sinn a' fàs ann an

Ceistean

Càite an urrainn dhut bruidhinn
a-mach còmhla ri Crìosdaidhean eile
an aghaidh ana-ceartas cinnidh?

Dè na h-uallaichean a tha daoine a'
giùlan nad sgìre a dh'fhaodadh na
h-eaglaisean giùlan còmhla riutha?

Càite am feum thu cuideachadh
Dhè ann a bhith ag aithneachadh, a'
tuigsinn agus a' faighinn thairis air do
chlaon-bhreith fhèin?

aonachd agus tuigse
mar a sgaoileas sinn do ghràdh agus
do cheartas do na h-uile.

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Beachdaich air a bhith a' feuchainn inneal no app adhradh bho thraidisean eile.
Dèan ùrnaigh gun toir Dia dhut irioslachd agus fosgarrachd cridhe airson a
bhith fosgailte gus rudeigin ùr fhaighinn bhon traidisean.

Dè na pròiseactan ceartas sòisealta no com-pàirteachas ionadail a tha san sgìre
agad agus air an stiùireadh le feadhainn bho dhualchas no eachdraidh eadar-
dhealaichte riut fhèin? Faigh a-mach agus gabh pàirt annta.

Gabh pàirt ann an Cuairt Ùrnaigh Eadar-eaglaiseach Comhairle Eaglaisean na
Cruinne ag ùrnaigh le daoine bho air feadh an t-saoghail.

Latha 3

Eadar-dhealachadh

Cinn-teagaisg

Lùcas 5:27-29

Amos 5

Mineachadh

Tha dearbh-aithne Buidheann-obrach Minnesota air a bhogadh anns na cuimhneachain bheairteach, dhrùidhteach a tha ag innse eachdraidh mòran dhaoine.

“Faodaidh ar bodhaig a bhith ann an co-chòrdadh ri ar sinnsearan, agus sinn ag aithneachadh gach pian, gàirdeachas, teòmachd, sgìths, ceangal agus barrachd, uile measgaichte còmhla. Bidh sinn gar suidheachadh fhèin ann an sgeulachdan an àite ris an can sinn dachaigh. Is sinne na fir, boireannaich, màthraichean, athraichean, sgeulaichean agus an luchd-slànachaidh.”

Is urrainn dhuinn iomadachd ar coimhearsnachdan aithneachadh ma bheir sinn ùine gus a lorg. Eadhon nar coinneamhan tha grèis-bhrat àlainn de dh'èòlas adhradh agus de spioradaileachd, air a shnìomh ri chèile bhon t-sluagh dhùthchasach, bhon fheadhainn a tha air in-imrich, no an fheadhainn a chaidh fhuadach agus a tha air dachaigh a dhèanamh an seo.

Tha Dia air sealltainn dhuinn dè tha math tro ar eadar-cheangal. Tha sinn beannaichte agus beannaichidh sinne daoine eile. Tha sinn air ar gràdhachadh agus gràdhaidh sinne daoine eile. Nì sinn na tha ceart, cuiridh sinn meas air tròcair agus coisichidh sinn uile gu h-iriosal còmhla ri Dia. Sinne. Chan e Mise nam aonar. Bidh ar càirdeas agus teagasg Dhè gar stiùireadh gu coimhearsnachd còmhla agus sinn ag ionnsachadh agus gar giùlan fhèin ann an aonachd le chèile. Chan e Mise nam aonar.

Air an adhbhar sin, bu choir do ar coinneamhan, ar n-ùrnaighean, ar laoidhean, ar n-ealain, agus ar cultar seo a nochdadh, agus a bhith làn maise an eadar-dhealachaidh, an-còmhnaidh a' sireadh aonadh ceartas diadhaidh Dhè.

'S e obair-ealain àlainn a th' ann an grèis-bhrat, ach ma choimheadas tu air a' chùl, chì thu na snaidhmean grànda, agus na snàithleanan briste – ciamar a nì sinn gàirdeachas ri bòidhchead a' ghrèis-bhrat agus sinn ag aithneachadh na h-obrach a tha riatanach airson a thoirt gu buil, chan ann mar aghaidh mheallta, ach mar thoradh air eadar-dhealachadh aithneachadh agus a chomharrachadh?

Cnuasachadh

Dè an fhuaim a tha seo?
Na feisean meallta gun bhrìgh,
leadan brèige agus laoidhean
de chàineadh,

a dh'fheuchas ri firinn an riaghlaidh
phuinnseanta fhalach,
a tha an dòchas gleangarsaich ciombal
eagail is laigse a mhùchadh.
Ach tha e coltach nach eil sinn
a' tuigsinn
Gur e eas-aontas a nì ar milleadh.

Ach am measg ar gleadhraich,
tha Dia a' gairm
bho cheithir ceàrnan na talmhainn seo,
òrain a' cheartais a tha a' tuiteam sìos
mar uisgeachan –
fonn eadar-fhighte agus co-sheirm
dhrùidhteach
domhainn gu leòr airson ar n-eas-aonta
a chumail
agus an còmhstri gun fhuasgladh
de ar tursan don àite seo.

Urnaigh

A Dhia ghràsmhoir agus gràdhach,
leudaich ar lèirsinn
gum bi e farsaing gu leòr
agus an iom-fhillteachd àlainn
aithneachadh

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Coinnich ri daoine bho choimhearsnachd eile agus innis sgeulachdan dha chèile.

Thoir cuireadh do dhaoine bho choimhearsnachd eile do chuideachadh le bhith
a' meòrachadh air mar as urrainn dhut a bhith ag obair mar 'Sinn còmhla. Chan e
Mise nam aonar'.

Comharraich diofar bhuidhnean sa choimhearsnachd agad agus smaoinich air mar a
dh'fhaodadh tu urnaigh agus obrachadh 'còmhla' riutha, seach 'às an leth'.

Ceistean

Dè cho tric 's a bhios sinn a'
smaoineachadh agus a' dèanamh
gnìomh mar 'Sinn. Chan e mise
nam aonar'?

Ciamar a tha sinn a' comharrachadh
agus a' dèanamh gàirdeachas
ris an eadar-dhealachadh nar
coimhearsnachdan?

Dè an uiread den obair riatanach a tha
sinn a' dèanamh gus grèis-bhrat àlainn
a chruthachadh nar coimhearsnachdan?
Dè na pròiseactan a dh'aithnicheas tu, no
dè na beàrnan san t-solar a chì thu nad
sgìre/sa choimhearsnachd?

sa ghrèis-bhrat a rinn thu
leis gach aon againn.

Cruinnich ar snàithleanan briste,
ar snaidhmean sgaoilte
agus ceangail sinn ri chèile airson
do ghlòire.

Cinn-latha

Mar as tric bidh an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail air a cumail eadar 18 is 25 Faoilleach (ochdamh Naoimh Peadair agus Naoimh Pòil). Ach, bidh cuid de bhuidhnean a' taghadh amannan eile den bhliadhna, gu sònraichte timcheall air a' Chaingis a tha na latha samhlauchail airson aonachd na h-eaglaise. Dèan do cho-dhùnadh fhèin, a rèir an t-suidheachaidh ionadail agad. Gus an gabh a chleachdadh aig àm sam bith den bhliadhna, bidh comharra 1-8 air stuth nan Làithean.

Òrdugh seirbheis

Faodar an t-òrdugh seirbheis ann am meadhan an leabhraìn a tharraing a-mach agus lethbhreac a dhèanamh dheth, ma thogras tu. Air neo, faodar na goireasan uile a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn CTBI agus tha fàilte ort an atharrachadh airson cleachdadh ionadail. Feuch an comharraich thu gur e tùs an stuth stòrasan Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn, Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail.

Balla aonachd Chrìosdail

Feuch an cuir thu fiosrachadh agus dealbhan de na tachartasan agad, ùrnaighean agus teachdaireachdan aonachd ri 'balla' aonachd Chrìosdail aig weekofprayer.org le bhith a' postadh gu Twitter a' cleachdadh an hashtag [#wpcuwall](https://twitter.com/wpcuwall). Bidh puist a' nochdadh gu fèin-ghluasadach (às dèidh greis bheag).

Aithne nan dealbhan:

Faodar a' mhòr-chuid de dhealbhan ath-riochdachadh airson an cleachdadh le Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail 2023 leis an aithne iomchaidh, ach thoir an aire gu feumar cead airson an deilbh air duilleagan 18/19.

Dealbh còmhdaich agus td13: Mazur/cbcew.org.uk

Td3: Unsplash/Igor Rodrigues

Td4: Unsplash/Stephanie Valencia

Td5: Unsplash/Sam Balye

Td18/19: REUTERS / Dealbh Coitcheann Alamy (ceadaichte)

Td25: Dealbh tùsail Flickr / Elvert Barnes (CC BY-SA 2.0)

Td36: Pixabay / niekverlaan

Òrdugh Seirbheis



Seachdain Ùrnaigh

airson

Aonachd Chrìosdaidh

Dealbh-camara: Mazur/cbcew.org.uk

Còir-lethbhreac Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn


**churches
together**
IN BRITAIN AND IRELAND®

Faodar pàirtean den t-seirbheis a chaidh a shònrachadh do Neach-leughaidh a roinn am measg grunn luchd-leughaidh eadar-dhealaichte. Mar an ceudna, faodar teacsaichean a chaidh a shònrachadh don Stiùiriche a roinn am measg phearsachan-eaglaise no stiùirichean bho na diofar dhualchasan agus chomanachadh a tha a' gabhail pàirt san adhradh. Faodaidh na stiùirichean sin am Beannachadh a ràdh còmhla.

An Cruinneachadh

Stiùiriche Tha Dia an seo.

Coitheanal Tha an Spiorad leinn.

Stiùiriche Nach mìorbhaileach an t-àite seo, oir is ann an seo a dh'fhairicheas sinn Dia.

Ann an Crìosd, tha sinn air ar trusadh bhon iomall agus air ar fighe a-steach don aisling.

An seo tha sinn a' faireachdainn bloigh de nèamh, far a bheil ceartas, gràdh, agus tròcair a' coinneachadh.

An seo tha sinn a' comharrachadh beannachadh aonachd ann an Dia.

Tha sinne, a bha uair fada air falbh, air ar toirt faisg.

Agus mar sin tha sinn ag ùrnaigh,
Dia, cruaihear nan uile,

nad ghràdh, rinn thu gach aon againn
nad ghràs, tha thu gar cruinneachadh ri chèile nad ìomhaigh
nad thròcair, tha thu gar dèanamh an-fhoiseil gus am faigh
sinn ar fois annad fhèin.
Mosgail sinn nar sonas,
thoir air falbh sinn o ar cofhurtachdan
cùm sinn o ar còmhrag
gus an tig do rìoghachd, agus gun dèanar do thoil.

Coitheanal **Amen**

Laoidh Molaidh

Cuireadh gu Aidmheil agus Mathanas

Tha sinn a' cruinneachadh gus ùrnaigh a dhèanamh airson na h-aonachd a tha mar thiodhlac Chrìosd don Eaglais. Tha sinn a' cruinneachadh ann an dòchas gun creideadh an saoghal agus gum biodh e rèidh ri Dia.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil sinn mar phàirt de dh' eaglaisean agus de choimhearsnachdan a tha air an sgaradh le ana-ceartas, gu sònraichte peacadh gràin-cinnidh, a tha an aghaidh ìomhaigh Dhè a' deàrrsadh bho gach aghaidh dhaonna.

"Agus ciod a tha an Tighearna ag iarraidh ort ach ceartas a dhèanamh, tròcair a ghràdhachadh agus gluasad gu h-iriosal maille rid Dhia?" (Micah 6:8)

Agus mar sin thig sinn ann an aithreachas agus creideamh gus aideachadh...

Sàmhchair

Stiùiriche Thoir maitheanas dhuinn a Thighearna, nuair a thig sinn gu adhradh gun a bhith a' gluasad gu h-iriosal romhad.

Coitheanal **Gum faigheadh sinn maitheanas**

Stiùiriche Tha sinn ag iarraidh mathanas airson cho domhainn 's a tha eaglaisean ann an olc na colonachd.

Coitheanal **Gum faigheadh sinn maitheanas**

Stiùiriche Tha sinn ag iarraidh maitheanas airson ar peacaidhean de dh'ana-cheartas agus fòirneart.

Coitheanal **Gum faigheadh sinn maitheanas**

Stiùiriche Chaidh ar gairm gu aonachd. Thoir maitheanas dhuinn às ùr agus rèitich sinn le chèile.
Gun saoradh tròcair Dhè sinn o ar peacaidhean, gu ceartas a dhèanamh, tròcair a ghràdhachadh agus gluasad gu h-iriosal maille ri ar Dia.

Coitheanal **Amen! Buidheachas do Dhia!**

Ùrnaigh

Dia nan uile,
air sgàth do ghràidh mhòir
Chaidh ar peacaidhean a nighe air falbh
agus tha sinn mar phàirt den choimhearsnachd ghràdhach.
Thig sinn romhad, teaghlach naomh,
sluagh de gach seòrsa,

aonaichte ann an iomadachd àlainn do chruthaidheachd.

Tha sinn a' dèanamh gàirdeachas ri grèis-bhrat beairteach an
teaghlaich dhaonna.

Tha sinn a' gealltainn cur às do chlaon-bhreith agus eas-aonachd ge bith càite
an lorg sinn e

agus coiseachd gu h-iriosal còmhla riut.

Amen

Ministrealachd an Fhacail

Micah 6:6-8

Salm 85:5-12

Stiùiriche

Tha ceartas agus sìth air pògadh a chèile

Coitheanal

Tha ceartas agus sìth air pògadh a chèile

Neach-leughaidh Till sinn, a Dhè ar slàinte!

Agus tog d' fhearg dhinn.

⁶ Gu bràth am bi corraich ort rinn?

An sìn thu d' fhearg o linn gu linn?

⁷ Nach ath-bheothaich thu sinn

A-chum gun dèan do shluagh gàirdeachas annad?

⁸Nochd dhuinn, O THIGHEARNA, do thròcair,
agus deònaich dhuinn do shlàinte.

Neach-leughaidh ⁹Cluinnidh mi ciod a their Dia an TIGHEARNA;

oir labharaidh e sìth ra shluagh agus ra naoimh,

ach na tilleadh iad a-chum amaideachd.



Dealbh camara: REUTERS / Alamy Stock Photo



¹⁰ Gu dearbh tha a shlàinte dlùth dhaibhsan don eagal e,
a-chum gun còmhnaich glòir nar tìr.

Neach-leughaidh ¹¹ Tha tròcair agus firinn air còmhachadh a chèile;
Tha ceartas agus sìth air pògadh a chèile.
¹² Fàsaidh firinn a-nìos às an talamh,
agus seallaidh ceartas a-nuas ò na nèamhan.

Lùcas 10:25-37

Laoidh

Faodar Searmon a thairgsinn

(Mionaid de shàmhchair no laoidh)

Clachan agus Sgeulachdan

Aig an ìre seo thathar a' toirt cuireadh don h-uile duine èisteachd ri dà sgeulachd neo theisteanas bho dhaoine a thug dùbhlàn do ghràin-cinnidh nam beatha phearsanta no phroifeasanta. Faodar bhideothan no faidhlichean fuaime a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn CTBI aig <https://ctbi.org.uk/weekofprayer>. Ma tha thu a' cleachdadh na tha seo, is dòcha gum bi thu airson moladh do dhaoine èisteachd le an sùilean dùinte no le fòcas air crois, no àite fòcais eile. Ma tha e iomchaidh, faodar fianais ionadail a thabhann na àite. Às dèidh gach sgeulachd/teisteanas thathar a' moladh gum bi sàmhchair ann.

Stiùiriche

Nuair a thàinig thu a-steach don eaglais thugadh clach dhut. Cùm a' chlach sin a-nis agus sinn ag èisteachd ri sgeulachdan mu ana-ceartas.

[Tha sinn ag èisteachd ri sgeulachd mu mar a tha cuideigin air gràin-cinnidh fhulang agus air feuchainn ri dùbhlán a thoirt dha]

Stiùiriche

Fhad 's a bhios a' chlach nar làmh, trom le pian agus fulangas agus ana-ceartas, tha sinn a' cuimhneachadh.

O chionn trithead bliadhna chaidh deugaire Breatannach a mhurt agus e a' feitheamh ri bus. Tha sinn a' cuimhneachadh Steafan Lawrence. Tha sinn a' cuimhneachadh a phàrantan le urram, a shabaid gu cruaidh airson ceartas. Tha sinn a' cromadh ar cinn le nàire air cho beag 's a tha an comann-sòisealta air gluasad air adhart ann an trithead bliadhna.

[Tha sinn ag èisteachd ri sgeulachd mu mar a tha cuideigin air gràin-cinnidh fhaicinn agus air feuchainn ri dùbhlán a thoirt dha]

Tha sinn a' seasamh ann an dlùth-dhàimh ri ar peathraichean agus ar bràithrean ann am Minnesota. Tha sinn a' cuimhneachadh Sheòrais Floyd, air a mhùchadh gu slaodach gu bàs ann an eisimpleir uabhasach de ghràin-cinnidh agus mì-ghnàthachadh cumhachd. Tha sinn a' toirt taing airson na corraich agus feirge a bha a' dùsgadh air feadh an t-saoghail agus a bha ag èigheach gu làidir, "Tha Daoine Dubha Priسهil!"

Tha sinn a' toirt urram do na daoine sin uile a dh'fhuiling agus a tha a' fulang gràin-cinnidh agus senophobia. Tha sinn sàmhach, ag aideachadh nach eil fios air an ainmean, an sgeul cha chualas, ceartas cha tugadh seachad.

Sàmhchair

Tha sinn ag ùrnaigh gun toir am fulangas toradh cruth-atharrachaidh agus ceartas a-mach.

Mu dheireadh, tha sinn a' cuimhneachadh agus a' toirt urram dhaibhsan as aithne dhuinn a tha a' fulang claon-bhreith, ana-ceartas, droch dhìol, burraidheachd no fòirneart de sheòrsa sam bith. Tha sinn ag iarraidh air Crìosd a chaidh a cheusadh am beannachadh, neart a thoirt dhaibh, an stiùireadh gu saorsa. Tha sinn ag iarraidh mathanas airson rud sam bith a rinn sinn, no nach do rinn sinn, gus cur ri am fulangas no dol an sàs nan sàrachadh.

Stiùiriche

Tha sinn a' toirt cuireadh dhuibh a-nis bhur clach a thoirt leibh, trom le cràdh agus fulangas, agus aithreachas, chun na croise.

Fhad 's a bhios an coithional a' gluasad air adhart gus gach clach a chur aig bonn na croise, tha sinn ag èisteachd ri 'Lift Every Voice', Iubailidh Spioradail Ameireaganach Afraganach a chaidh a sgrìobhadh le Seumas Weldon MacIain (1900). Tha e gu tric air ainmeachadh mar laoidh nàiseanta nan Daoine Dubha anns na Stàitean Aonaichte. Tha an t-òran na ùrnaigh taing airson dìlseachd agus saorsa dha na tràilleann, a' cur an cèill glaoth airson saoradh agus daingneachadh dha muinntir Ameireaganach Afraganach.

<https://www.jamesweldonjohnson.org/lift-every-voice-and-sing>

Ùrnaigh an Tighearna

Ùrnaigh Chrìochnachaidh

Dia nan uile,
tha sinn a' cur air do bheulaibh
ar pàirt dheònach ann an olc gràin-cinnidh,
ar somaltachd a thaobh ana-ceartais,
cruas ar cridhe, agus truime ar n-anama.
Thoir breith oirnn, chan ann airson nan nithean seo,
ach airson na dòigh san dèan sinn gnìomh
gus an saoghal atharrachadh
gu àite do Rìoghachd.
Amen

Laoidh Chrìochnachaidh

Am Beannachadh: Beannachadh Frainseasach

Air a chur às leth luchd-leantainn as tràithe Naoimh Fhainseis

Gum beannaicheadh Dia thu le mì-chofhurtachd
mu fhreagairtean furasta, leth-fhirinnean, agus dàimhean fuadain,
a-chum gum bi thu beò domhain nad chridhe.

Gum beannaicheadh Dia thu le fearg
mu ana-ceartas, sàrachadh agus droch dhìol dhaoine,
a-chum gun obraich thu airson ceartas, saorsa, agus sìth.

Gum beannaicheadh Dia thu le deòir
a shileas tu dhaibhsan a tha a' fulang cràdh, diùltadh, acras, agus cogadh,
a-chum gun sìn thu mach do làmh gus comhfhurtachd a thoirt dhaibh
agus am pian a thionndadh gu aoibhneas.

Agus gum beannaicheadh Dia thu le gòraiche gu leòr
a chreidsinn gun urrainn dhut eadar-dhealachadh a dhèanamh air an t-saoghal,
gus an coilean thu na tha daoine eile ag ràdh a tha do-dhèanta
Gus ceartas agus caoimhneas a thoirt dar cloinn uile agus do na bochdaibh.
Amen



Earrainnean Biobaill bho Chomann-Bhioball Dùthchail na h-Alba,
7 Sreath Hampton, Dùn Èideann, EH12 5XU 1992

Creideas nan dealbhan:

Dealbh còmhdaich - Mazur/cbcew.org.uk

Dealbh meadhain - REUTERS / Dealbh Coitcheann Alamy (ceadaichte)



Caoidh

Cinn-teagaisg

Salm 22:1-5

Mata 27:45-50

Mineachadh

Tha caoidh ag iarraidh oirnn, uaireannan eadhon a' toirt oirnn, coimhead agus faicinn ann an da-rìribh. Sheall boireannach òg agus chunnaic i deòir an fheadhainn a bha air an sàrachadh. Chaidh a' bhidio a rinn i air a' fòn aice mu mhurt Sheòrais Floyd sa Chèitean 2020 fhaicinn air feadh an t-saoghail agus sgaoil fearg anabarrach nuair a chunnaic daoine, agus mu dheireadh a dh'aidich iad, na tha Ameireaganaich Afraganach air fulang fad linntean: fo cheannsal shiostaman fòirneartach nuair a tha daoine sochairichte dall gu an èiginn.

Anns an Rìoghachd Aonaichte, tha fir dhubha eadar 18 agus 25 bliadhna còig tursan nas buailtiche a bhith air an stad agus air an sgrùdadh leis na poileis agus tha boireannaich dhubha

ceithir tursan nas buailtiche bàsachadh aig àm breith cloinne. Tha mòran againn ri chaoidh.

Tha an dà earrann an-diugh a' bruidhinn air caoidh. Sheall Ìosa, agus Daibhidh, an salmadair onarach, dhuinn de na nì sinn nuair a tha sinn ann am pian. Tha "Mo Dhia, mo Dhia, carson a thrèig thu mi?" na ghlaodh làn pian aig fìor thoiseach Sàilm 22 a tha ag aithris briathran Ìosa fhèin air a' chrois ann am Mata 27.

Chan eil am pian air fhalach no air a ghlanadh dhuinn.

Tha e brùideil agus onarach.

Tha caoidh duilich gabhail ris. Tha ar comann-sòisealta ag iarraidh oirnn cabhag a dhèanamh a dh'ionnsaigh dòchas agus buaidh. Dè tha caoidh a' ciallachadh dha-rìreabh? Am pian fhaireachdainn. Tha caoidh a' toirt oirnn ar fosgladh fhèin, a' toirt oirnn uile aire a thionndadh don phian agus gun cùl a chur ris tuilleadh.

Cnuasachadh

“Tha caoidh na ghearan cho domhainn is gum feum e a bhith na ùrnaigh, oir is e Dia a-mhàin as urrainn dòchas a tha a dhith a thoirt seachad gum bi ceartas ann agus gum bi an t-àm ri teachd eadar-dhealaichte.”

*Glaodh Rachel: Ùrnaigh Caoidh agus Ath-bhreith an Dòchais, Kathleen D Bilman agus Daniel L Migliore
The Pilgrim Press 1999*

Ùrnaigh

A Dhia a’ cheartais agus a’ ghràis,
thoir air falbh na lannan bho mo
shùilean gus
am faic mi dha-riribh an
t-aintighearnas timcheall orm,
agus thoir misneachd dhomh, chan e

Ceistean

Ciamar a tha thu air a bhith an sàs ann an caoidh?

Dè na dòighean anns a bheil buidhnean air an iomall sa choimhearsnachd agad a’ fulang pian?

Dè a’ bhuaidh a th’ ort nuair a chì thu bròn dhaoine ann am pàirtean eile den t-saoghal, mar eisimpleir às dèidh ionnsaigh fòirneartach no mòr-thubaist nàdarra?

mhàin gus an ainmich mi e,
ach gus an sabaid mi na aghaidh fhad
’s a tha mi a’ toirt fìor làthaireachd,
fianais agus truacantas don fheadhainn
a tha air an sàrachadh.

Theirig agus Dèan

(see www.ctbi.org.uk/goanddo)

Suidh agus smaoinich, dèan caoidh mun phian a mhothaich thu sa choimhearsnachd agad (nuair a dh’fhàsas e mì-chofhurtail, fuirich airson greis nas fhaide).

Cò thuige dham feum thu gluasad gus am pian a chluinntinn?

Dèan ceangal ri cuid de dhaoine air an iomall sa choimhearsnachd agad gus ionnsachadh mun eachdraidh aca agus a’ bhuaidh a th’ aige. Dè as urrainn dhut a dhèanamh gus a bhith nad neach-aithris air fìrinn eachdraidh?

Latha 5

Fearg anabarrach

Cinn-teagaisg

2 Samuel 12:1-12

Marcas 11:15-17

Mineachadh

Anns na h-earrannan an-diugh, tha an dà chuid Dàibhidh agus Iosa a' nochdadh fearg anabarrach tro stri làidir agus corraich a dh'ionnsaigh an t-suidheachaidh a tha air am beulaibh. Tron Sgrìobtar tha e ga chuimhneachadh dhuinn gum faod ana-cheartas faireachdainnean làidir, fearg agus eadhon fòirneart a bhrosnachadh. Faodar iad sin a bhith nas làidir nuair a tha gearan ga bhacadh do dhaoine.

Air feadh eachdraidh chì sinn aintighearnas ag iarraidh air daoine air an iomall a bhith a' dèanamh gàire agus gàirdeachais, a bhith seinn òrain mu àm an àigh o chionn fhada. Ge bith an ann sna minstrel shows, no dannsan Geisha, no taisbeanaidhean cowboy agus indian sa Wild West, tha an t-aintighearna air toirt air an fheadhainn a tha fo smachd leigeil orra gu bheil iad toilichte, agus chan eil cothrom aig an luchd-fulaing ach gèilleadh. Tha teachdaireachd nan aintighearnan cho simplidh 's a tha e an-ìochdmhor; chan eil bhuir n-òrain, bhuir deas-ghnàthan, bhuir dearbh-aithne chultarail, na tha gur fàgail sònraichte, ceadaichte mura h-eil e gu feum dhuinne.

Fiù nuair a gheibh luchd-fulaing

aintighearnais cothrom na sgeulachdan aca innse, gu tric ged a tha daoine deònach èisteachd ris a' phian agus a' bhròn, tha iad a' tionndadh air falbh nuair a thogas na fulangaich guth feargach ag iarraidh gun tachair atharrachadh.

Thuirt Martin Luther King Jr: "...às dèidh na h-uile, is e aimhreit cànan nan daoine nach faigh èisteachd... is e adhbhar samhraidhean nan aimhreitean ach geamhraidhean dàil [air ceartas]" Thuig e gu bheil fìor shìth ga ruigsinn le slànachadh dhàimhean tro obair ceartais, a' dèiligeadh ris na cnapan-starra a chumas daoine bho bhith a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach mar làn bhuill den choimhearsnachd.

A bheil sinne dha-rìribh deiseil airson èisteachd ri eòlasan an fheadhainn a tha air an sàrachadh? A bheil sinn fosgailte do an deòir ach a' diùltadh èisteachd a thoirt do am fearg? Ciamar a dh'fhaodadh Dia a bhith gar gairm gus dèiligeadh ris an fhulangas a tha a' brosnachadh na feirge seo?

Cnuasachadh

Dh'ith thu am biadh gann a bh' aca
Dh'òl thu às a' chupa aca
agus an uair sin cha do nochd
thu aithreachas

Cho cinnteach is a tha an Tighearna beò
gun cheartas, gun sìth

bidh sinn a' saltair nan sgeulachdan aca
a' truailleadh an tobraichean
agus an uair sin cha nochd sinn
aithreachas

Cho cinnteach is a tha an Tighearna beò
gun cheartas, gun sith

tionndaidh ar bùird
suidhich àite do na h-uile
cuir ar suidheachain chofhurtail bun-
os-cionn
fuadaich a-mach sinn
acrach airson ceartas
tartmhor airson sith

Cho cinnteach is a tha an Tighearna beò
gun cheartas, gun sith

Urnaigh

A Dhia nan daoine sàraichte, fosgail ar
sùilean don chron a tha fhathast a' cur
air ar bràithrean is peathraichean ann
an Crìosd. Thoir misneachd dhuinn
seasamh agus tagradh a dhèanamh

Ceistean

Smaoinich air suidheachadh ann
an eachdraidh far an d' fhuair
coimhearsnachd air am fearg mu ana-
ceartas a thionndadh gu atharrachadh
brioghmhor adhartach. Dè as urrainn
dhuinn ionnsachadh bhon sgeul seo?

Cò as iomallaichte agus as motha ann
cunnart gun tèid am fàgail air dheireadh
sa choimhearsnachd agad? Ciamar a
chuidicheas an Eaglais gus an guth a
thogail?

Ciamar a b' urrainn dhut cuideachadh
gus mothachadh a thogail an-diugh mu
ana-ceartas san t-saoghal?

airson a h-uile duine nach fhaod
buidhinn a-mach, eadhon ged a tha e a'
ciallachadh gu feum sinn leigeil seachad
cuid den phrìbhlaid againn fhìn gus
ceartas a dhèanamh.

Theirig agus Dèan

(see www.ctbi.org.uk/goanddo)

Rannsaich cothroman gus pàirt a ghabhail gu bhirtual ann an coinneamhan cruinne
gus mothachadh a thogail mu ana-ceartas, a' ceangal ri daoine thar chrìochan is
chultaran.

Comharraich buidheann anns an sgìre agad a tha ag obair gus dèiligeadh ris an t-às-
dùnadh no an stiogma a dh'fhaodadh toirt air daoine faireachdainn nach cluinnear
no nach fhaicear iad, agus cuir taic ri aon de na tachartasan no na h-iomairtean aca.

Beachdaich air na meadhanan sòisealta a chleachdadh, no lìonraidhean pearsanta
eile, gus eisimpleirean a cho-roinn bho air feadh an t-saoghail de dhaoine a tha gu
misneachail a' bruidhinn a-mach gus dùbhlán a thoirt do ana-ceartas.

Latha 6

A' gluasad gu h-iriosal air an t-slighe

Cinn-teagaisg

Micah 6:6-8

Philipianaich 2:5-11

Mineachadh

Tha an Sgrìobtar a' cur nar cuimhne nach urrainn dhuinn ar gràdh do Dhia a sgaradh bhon ghaol a th' againn do dhaoine eile. Tha gaol againn air Dia nuair a bhios sinn a' biathadh nan acrach, a' toirt deoch do dhaoine tartach, a' cur fàilte air a' choigreach, a' cur aodach air an duine lomnochd, a' toirt cùram don euslainteach agus a' tadhal air a' phrìosanach. Nuair a bheir sinn cùram agus seirbhis againn don "aon diubh seo as lugha," tha sinn a' toirt cùram agus a' frithealadh do Chrìosd fhèin.

Ach tha sinn air ar gairm gu dhol nas fhaide na bhith a' toirt seachad no a' frithealadh bho shuidheachadh cumhachd, far am bi sinn a' cumail suas ar n-inbhe os cionn an neach dha bheil sinn a' frithealadh. Ciamar a leanas sinn eisimpleir Ìosa, Tighearna

nan uile, a thàinig gu bhith na sheirbhiseach nan uile? Dè a th' ann an cumhachd, agus ciamar a tha sinn ga chleachdadh agus ga roinn ann an obair Dhè?

Tha Dia gar gairm gus spèis a thoirt do naomhachd agus urram gach ball de theaghlach Dhè. Chan eil gabhail cùram, frithealadh agus gràdhachadh dhaoine eile a' sealltainn cò iadsan, ach cò sinne. Mar Chrìosdaidhean, feumaidh sinn a bhith aonaichte nar dleastanas gus gaol agus cùram a thoirt do dhaoine eile, leis gu bheil Dia a' toirt cùram agus gaol dhuinn fhìn. Le bhith a' dèanamh seo, bidh sinn a' cumail ar creideimh cho-roinnte tro ar gnìomhan ann an seirbheis don t-saoghal, agus tha sinn a' lorg ar fìor dhleastanais mar sheirbhisich an Rìgh Sheirbhisich.

Cnuasachadh

Is leatsa an cumhachd agus a' ghlòir.
Ach chì sinn do mhòrachd as motha
nuair a tha thu a' frithealadh gu
h-iriosal

A Chruthaigheir, thoir dhuinn
an cumhachd
a bhith gun chumhachd
agus thoir dhuinn urram
an t-seirbhisich a tha saidhbhir ann
an gràdh.

Ùrnaigh

A Thighearna a' chumhachd agus
na glòir,
bha thu nad sheirbhiseach
dhuinn uile.
Seall dhuinn cumhachd agus glòir na

Ceistean

Càite nad bheatha phearsanta
am b' urrainn dhut beannachd
a bhuileachadh le bhith a' toirt
cumhachd seachad?

Ciamar a dh'fhaodadh na h-eaglaisean
sa choimhearsnachd agad cumhachd
a cho-roinn gus a bhith nas
èifeachdaiche ann an seirbheis?

Faigh a-mach mu dhùthaich aig nach
eil mòran cumhachd poilitigeach, ach
aig a bheil mòran ri theagasg dhut.

seirbhiseachd
agus deònaich dhuinn seirbhis a
dhèanamh do d' shaoghal
a rèir fheuman agus ar comasan.

Theirig agus Dèan

(see www.ctbi.org.uk/goanddo)

Dè an cumhachd a th' agad? Cuir an cumhachd sin gu feum ann an
seirbheis càich.

Lorg trì dòighean anns am b' urrainn do na h-eaglaisean san sgìre agad seirbheis
a thoirt don choimhearsnachd agad. Agus dèan na rudan sin!

Aontaich mar bhuidheann eaglaisean air pròiseact a bheir cumhachd do dhaoine
gu h-ionadail, gu nàiseanta no gu h-eadar-nàiseanta, agus cruthaich plana-
gnìomha gus sin a thoirt gu buil.

Latha 7

Cumhachd

Cinn-teagaisg

Mata 5:1–8

Iob 5:1–16

Mineachadh

Tha cunntas Mhata air an t-searmon air an t-sliabh a' tòiseachadh le Ìosa a' faicinn an t-sluaigh. Anns an t-sluagh sin feumaidh gum faca e daoine a bha nan luchd-dèanaimh na sìthe, na bochd nan spiorad, na daoine a bha glan nan cridhe, fir agus mnathan a bha ri caoidh, agus iadsan air an robh acras airson ceartas. Anns an t-searmon, chan e a-mhàin gu bheil Ìosa ag ainmeachadh strì dhaoine, tha e ag ainmeachadh na tha anna: clann Dhè agus luchd-seilbh Rìoghachd Nèimh.

Bha Howard Thurman, diadhaire Afraganach-Ameireaganach agus comhairliche spioradail don Urr. Dr Martin Luther King, Jr., a' creidsinn gun tug, “an creideamh anns an robh Ìosa beò an seòrsa beatha Dha a bha a' dèanamh ceangal leis na daoine bochda, an fheadhainn a bha air an iomall, na daoine briste agus aig nach robh oighreachd anns an t-saoghal.” Ach, bha Thurman cuideachd a' creidsinn, “Chan urrainnear a dhol às àicheadh gu bheil cuideam a' ghluasaid Chrìosdail air a bhith ro thrì air taobh nan làidir agus nan cumhachdach agus an aghaidh nan lag agus sàraichte – seo, a dh'aindeoin an t-soisgeil.”

Ma dh'èisteach sinn cruaidh gu leòr, cluinidh sinn measgachadh de ghuthan a' glaudhaich fo chuideam sàrachaidh. Tha feum air gnìomh an-diugh gus gaol, dòchas, ceartas agus saoradh a thoirt dhuinn fhìn

agus do dhaoine eile san àm ri teachd. Tha sàrachadh de sheòrsa sam bith ag iarraidh gun roghnaich gach fear againn a dhol an sàs gus cur às don ana-cheartas a tha a' briseadh ar cridheachan.

Ann an ùrnaigh tha sinn a' co-thaobhadh ar cridheachan le cridhe Dhè, gus an rud as fheàrr le Dia a ghràdhachadh agus a ghràdhachadh mar as toil le Dia. Mar sin tha ùrnaigh le treibhdhìrean gar co-thaobhadh agus gar n-aonadh – thar gach rud a sgaras sinn bho chèile – a bhith a' gràdhachadh na tha Dia a' gràdhachadh agus san dòigh a tha Dia ga ghràdhachadh, agus a' cur a' ghaoil sin an cèill nar gnìomhan.

Obraichidh sinn uile còmhla ri Dia nar dòchas agus dealas airson beul ana-cheartais a dhùnadh agus cur às do shàrachadh anns gach raon den chomann-shòisealta againn.

Cnuasachadh

Chì mi sibh an sin,
Sibhse – a dhaoine bheannaichte,
sibhse — bochd ann an spiorad,
sibhse – luchd-caoidh, daoine macanta
agus daoine tròcaireach.
Tha mi a' cluinntinn bhur stamaig a'
rùchdail leis an acras.
A bheil ionracas gu leòir chum ur pathadh
a shàsachadh,
mar uisge air an talamh?

Fhuair sibh bhur leòr de chealgairachd nan
daoine carach,
Bha sibh air bhur stopadh le gliocas fuadain
nan seòlta.
Le cridhe glan agus neo-roinnteach
cumaidh sibh bhur sùilean air cùis Dhè —
a thogail àrd an dream a tha ìosal,

a thoirt gu sàbhailteachd neach sam bith a tha
ann an cunnart a bhith air a shaltairt
le ceuman uailleach nan ciontach,
no air an sàthadh le briathran nimheil a
tha a' sior amas air gearradh sìos agus mì-
dhaonnachadh.

Dùin beul an ana-ceartais, a Dhè,
leag sìos daingnichean nan daoine a tha
sanntach airson cumhachd
agus thoir dhuinn am miann agus an neart
rioghachd ath-thogail
far am faigh na h-uile a tha leònte
cofhurtachd,
far a bheil an oighreachd air a roinn leis
na h-uile,
far am bi claidheamhan agus sgiathan air
am bualadh
ann an innealan airson sìth agus rèite a chur,
far a bheil leigheas pailt
agus beòil a' fosgladh gus sgeulachdan
beannachadh agus dòchas co-roinntè
a sheinn.

Urnaigh

A Dhia a' cheartais,
Thoir cumhachd dhuinn a bhith nar
riochdairean do ghràis agus do thròcair.
Beannaich sinn le misneachd gus ar

Theirig agus Dèan

(see www.ctbi.org.uk/goanddo)

Feuch ri obair shaor-thoileach a dhèanamh airson buidheann coimhearsnachd ionadail.

Càite am faic thu cumhachd ga dhiùltadh do dhaoine sa choimhearsnachd agad? Rannsaich dòighean air gnìomh a dhèanamh a thogas aire.

Ann an obair leasachaidh eadar-nàiseanta tha barrachd aithne air an fheum air dèiligeadh ri dileab ana-ceartais agus aintighearnais, agus cumhachd a thoirt air ais do choimhearsnachdan air an iomall gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mun àm ri teachd aca fhèin. Rannsaich dòighean gus an obair seo a thoirt air adhart tro do thabhartas agus do thaic.

Ceistean

An smaoinich thu air àm nuair a bha thu a' faireachdainn gun chumhachd? Ciamar a bhiodh tu ag iarraidh gum biodh daoine eile air freagairt ri do chàs?

Smaoinich mu na dòighean anns am faodadh cumhachd a bhith agad sa choimhearsnachd agad? Ciamar a b' urrainn dhut an cumhachd sin a chleachdadh gus daoine a tha a' faireachdainn gun chumhachd a chuideachadh?

Air feadh an t-saoghail tha coimhearsnachdan gun chumhachd mar thoradh air coirbeachd agus brath. Ciamar a dh'fhaodadh na roghainnean a nì sinn nar beatha làitheil buaidh a thoirt air na suidheachaidhean sin?

cumhachd a leigeil seachad.

Beannaich sinn leis an irioslachd gus seasamh leis an fheadhainn a tha air an sàrachadh.

Beannaich sinn leis an ionracas airson ar coimhearsnaich a ghràdhachadh mar a mhiannaicheadh sinn fhìn a bhith air ar gràdhachadh.

Latha 8

A' toirt air ais dòchas tro obair a' cheartais

Cinn-teagaisg

Isaiah 40:1-11

Lùcas 1:46-55

Mineachadh

Ann a bhith a' cur aghaidh ris a' chron a thig à ana-ceartas cinnidh, tha sinn a' cumail romhainn gealladh gràdh Dhè agus slànachadh dhàimhean. Tha am Fàidh Isaiah a' bruidhinn air Dia a' cruinneachadh dhaoine agus a' toirt cofhurtachd dhaibh uile a chaidh air chall agus a dh'fhuiling èiginn. Ann an Àrd-mholadh an Tighearna, tha Muire a' cur nar cuimhne nach trèig Dia sinn gu bràth agus gu bheil gealladh Dhè dhuinne air a choileanadh ann an ceartas.

Am-bliadhna, tha sinn a' comharrachadh 30 bliadhna bho chaidh Steafan Lawrence a mhurt. Bha Steafan na dhuine òg a' fàs suas ann an ear-dheas Lunnainn làn miann agus dòchais airson na dhèanadh e na beatha. Chaidh a ghearradh sìos gu brùideil nuair, air 22 Giblean 1993, a chaidh a mhurt ann an ionnsaigh gràin-cinnidh gun chiall. Chaidh pian a theaghlach agus na coimhearsnachd san fharsaingeachd a dhèanamh nas miosa le droch fhàilligeadh ann an rannsachadh na h-eucoir, cùis a chaidh a nochdadh an dèidh sin ann an Aithisg Mhic a' Phearsain. Mar chuimhneachan air, chaidh fiondas a stèidheachadh gus taic agus brosnachadh a thoirt do dhaoine òga

agus beatha mhath a bhith aca. Tha màthair Steafain, (Bana-bharan) Doreen Lawrence, ag ràdh mun obair seo:

“Tha ceartas airson Steafan mu dheidhinn a h-uile duine againn sa chomann-shòisealta a bhith a' faighinn ceartas. Tha cus dhaoine òga ann fhathast aig nach eil dòchas, nach eil a' faighinn cothrom an comas a choileanadh. Tha mi airson gum bi ar clann agus daoine òga air fad a' faireachdainn brosnachail, misneachail agus dòchasach san àm ri teachd aca fhèin. Tha sinn a' togail dòchas, ach tha barrachd ri dhèanamh.”

Tha e furasta a bhith eu-dòchasach oir is tric a chluinneas sinn gu bheil ar comann-shòisealta briste, agus nach eileas a' toirt làn aithne, spèis, no dìon do urram is saorsa mhic an duine uile. Tha cruaidh fheum air ceangal eadar gràdh Dhè, gràdh ar teaghlach daonna gu lèir agus gràdh ceartais, ma tha dòchas agus slànachadh gu bhith againn. Tha Dia gar gairm gu bhith sìor dhòchasach, le earbsa gum bi Dia maille rinn mar dhaoine fa leth agus còmhla – agus sinn nar seasamh eadar na bha agus na tha, a' sìor mhiannachadh na tha fhathast ri bhith.

Cnuasachadh

Tha Mgr Bryan Massingale, fear de phrìomh luchd-beusachd sòisealta Caitligeach an t-saoghail agus sgoilear ann an ceartas cinnidh, a' cur nar cuimhne a dhòchas agus a dhùbhlàn:

“Tha beatha shòisealta air a dhèanamh

le mac an duine.

Tha an comann anns a bheil sinn beò
mar thoradh air roghainnean agus co-
dhùnaidhean daonna.

Tha seo a' ciallachadh gum faod daoine
rudan atharrachadh.

Na tha daoine a' briseadh, a' sgaradh agus
a' reubadh,
faodaidh sinn, le taic Dhè,
cuideachd a leigheas, aonadh agus a
chàradh.

Chan fheum an rud a th' ann an-dràsta
mairsinn gu sìorraidh.

An sin tha an dòchas agus an dùbhlán.”

Urnaigh

A Dhia a Chruthaigheir,
nach ionnsaich thu dhuinn coimhead
a-steach
agus a bhith bonntaichte air do spiorad
gràidh

Ceistean

Chaidh mòran de na fianais-dùbhlain air
feadh an t-saoghail a thachair às dèidh
murt Sheòrais Floyd a stiùireadh le daoine
òga, cuid dhiubh ceangailte ris an Eaglais.
Ciamar as urrainn dhuinn an dealas a
chleachdadh airson ceartas cinnidh gus
atharrachadh a thoirt gu buil san Eaglais?

Dè na gnìomhan susbainteach a bu chòir
a bhith air tachairt às dèidh murt Steafain
Lawrence? An dùil carson nach do
thachair iad?

Ciamar a fhreagair thusa ri murt Steafain
Lawrence agus/no Seòrais Floyd?

Ciamar a tha na h-uabhasan sin air
do bhrosnachadh gus barrachd ùidh a
ghabhail ann an ceartas cinnidh?

gus am faod sinn a dhol a-mach ann an
gliocas agus misneachd
gus slighe a' ghràidh agus a' cheartais a
thaghadh an-còmhnaidh.


Theirig agus Dèan

(see www.ctbi.org.uk/goanddo)

Cha tèid ceartas cinnidh a dhaingneachadh ann an eaglaisean mura gabh iad ris a' chùis
ann an da-rìribh. Dè na h-atharrachaidhean susbainteach a dh'fhaodadh an eaglais agad
a dhèanamh gus ceangal ris a' ghluasad chruinneil airson ceartas cinnidh?

Tha Didòmhnaich Ceartas Cinnidh air a chomharrachadh gach bliadhna air an
dàrna Didòmhnaich sa Ghearran. Brosnaich an eaglais agad gus an latha seo a
chomharrachadh, a tha dealasach a thaobh strì airson ceartas, co-ionannachd agus
urram san eaglais agus sa chomann-shòisealta.

Bha Steafan Lawrence airson a bhith na ailtire. Carson nach toir thu taic do dheugaire
mar Steafan, gus am bi e comasach dha no dhi am miann a thoirt gu buil.



Seachdain Ùrnaigh

airson

Aonachd Chrìosdaidh

ctbi.org.uk/weekofprayer
weekofprayer.org

Twitter: [#wpcu2023](https://twitter.com/wpcu2023)
[#wpcuwall](https://twitter.com/wpcuwall)



Air Fhoillseachadh le
Churches Together in Britain and Ireland
Interchurch House
35 Lower Marsh
Lunnainn SE1 7RL
info@ctbi.org.uk,
Fòn: 0203 794 2288
Àir. carthannas clàraichte: 1113299.
Companaidh a tha cuingichte le barantas,
àireamh clàraidh: 5661787